

Proiseact Leughaidh Gàidhlig. Fios do Phàrantan.

Tha sinn an comain Bun-sgoil --- a tha air aontachadh pàirt a ghabhail anns a’ Pròiseact Leughaidh Gàidhlig. Tha am pròiseact seo air a stiùireadh leis an Ollamh Sarah NicGuaire (Oilthigh Manchester) agus an Ollamh Fiona Lyon (Neach coimhearlachaidh neo-eiseamaileach ann am fòghlam).

Dè is adhbhar don rannsachadh seo?

Is e ar n-amas sgilean leughaidh cloinne a thomhas rè na bun-sgoile. Bu mhiann leinn sgoilearan ann am prìomhan 3,4,5,6,7, a bhith gabhail pàirt ach tha sin an urra riubhsa is ri ur pàisde. Thèid fhoighneachd do gach pàisde a bheil iad deònach a bhith gabhail pàirt aig toiseach gach seisein. Tha sinn an dòchas gun leig an t-eòlas a chruinnicheas sinn le luchd-teagaisg troimh mheadhon na Gàidhlig an cuid oideachaidh a leasachadh a chionns gum bi dòigh eirmseach aca duilgheadasan leughaidh a chomharrachadh aig ìre thràth. Bithidh an rannsachadh seo mar mheadhon air am faodar luchd-teagaisg deuchainnean a dhealbh as an urrainn daibh comasan leughaidh gach pàisde a thomhas agus tomhas a dhèanamh orrasan aig a bheil duilgheadasan leughaidh agus a chuireadh feum air taic iomchaidh.

Dè tha seo a’ ciallachadh dom phàisde?

A’ tòiseachadh ann an 2015 gabhaidh clann ann am prìomhan 3,4,5, 6 agus 7 pàirt anns an sgrùdadh.. Anns a’ mhòr chuid is ann le neachd-teagaisg bhon sgoil aca fhèin a bhitheas iad ag obair ach corra uair bithidh aon den sgioba rannsachaidh an làthair. Tha sinn air a bhith fo mhòr uallach gum bi brìgh nan toimheasan iomchaidh agus tlachdmhor don chloinn. Bheir gach tomhas suas ri leth-cheud mionaid agus faodar a dhèanamh ann an àrainn shocair anns an sgoil. Feumaidh gach pàisde bhith làn dheònach bhith gabhail pàirt agus a bhith toilichte leis a’ ghnìomh. Bithidh gach gnìomh air a mhìneachadh do gach pàisde ann am briathran freagarrach. Cha toir an luchd-rannsachaidh fios ceartachaidh ach molaidh iad oidheirpean gach pàisde. Tha na tomhaisean aig tùs furasda agus ceum air cheum a’ meudachadh an duilgheadais. Thèid stad air na tomhaisean an dèidh àireamh shònraichte de mhearachdan.

Anns na ball-sampail againn gu ruige seo tha an gnothach air còrdadh ris a’ chloinn is iad a’ faighinn toileachais bho bhith aon ri aon ris an neach-teagaisg agus a bhith air chothrom an sgilean leughaidh a thaisbeanadh.

Dè tha seo a’ ciallachadh dhomhsa?

Bu mhiann leinn gun tilleadh sibh a’ bhileag aontachaidh – a’ seallachadh ur n-aonta no ur n-eas-aonta.

Bu mhiann leinn cuideachd gun coileanadh sibh ceisteachan goirid air cleachdadh na Gàidhlig anns an dachaidh agaibh. Tha an ceisteachan na phrìomh phàirt den sgrùdadh agus togaidh e fiosrachadh a thathas am beachd a tha cuideachail ann an tuigsinn mar a a thogas clann òga cànan. Thèid an ceisteachan do gach teaghlach a tha deònach gum bi an cuid chloinne gabhail pàirt anns an rannsachadh agus bu choir a thilleadh don sgoil.

Ciamar a chumar dìomhaireachd?

Anns a’ ghèarr ama feumaidh sinn nota chumail de ainmean na cloinne ach mus bi mion-sgrùdadh dèanta thèid an ainmean a dhubhadh as. Tha seo a’ ciallachadh gu faod sibh ur pàisdean thoirt as a’ phroiseact aig am sam bith. Bithidh am fiosrachadh air a ghleidheadh gu eileactronigeach ann an uidheaman treàrtaite. Cha bhi ainmean pearsanta air am foillseachadh ann an aithisgean. Cha leig sinn fios mu phàisdean ma sgaoil do neach sam bith. A chionns gu bheil an obair seo aig ìre thràth cha bhiodh e iomchaidh aithisgean a thoirt seachad air mar a chaidh do sgoilearan fa leth.

An d' fhuair an rannsachadh seo cead?

Tha an rannsachadh seo air ceud modhannach fhaighinn bho Oilthaigh Mhanchester. Tha sinn air cead fhaighinn bhon Ùghdarras Ionadail agaibh agus tha an sgoil agaibh air aontachadh pàirt a ghabhail anns an rannsachadh. Bithidh gach neach a thig an làthair nam pàisde air ballrachd PVG fhaighinn bho Disclosure Scotland.

Dè thachras do cho-dhùnidhean an rannsachaidh?

Thèid na co-dhùnidhean an cur gu feum ann an aistidhean ann an taisbeanaidhean academaiceach agus aig co-labhairtean. Tha sinn an dùil, rè ùine, gun toir na co-dhùnidhean taic do dheasachadh modh-tomhais ann an an sgilean leughaidh ann am fòghlam troimh mheadhon na Gàidhlig. Bithidh am fiosrachadh a thionalas sinn air leth feumail ann am prìomh amasan an rannsachaidh. Tha sinn an dùil am fiosrachadh a chumail ach an tèid e chuir gu feum anns an ama ri teachd airson barrachd mionachaidh a dhèanamh air sgilean leughaidh na cloinne ann an Gàidhlig.

Ma tha ceist agam no uallach orm?

Cuir fios gu Sarah no Fiona aig an t-sèoladh os ìosal ma tha ceistean agaibh no iarrtas air barrachd fiosrachaidh.

Dr. Sarah MacQuarrie

Manchester Institute of Education

Ellen Wilkinson Building

The University of Manchester

Manchester, M13 9PL

Tel 0161 27 53408

Email: sarah.macquarrie@manchester.ac.uk

If there are any issues regarding this research that you would prefer not to discuss with members of the research team, please contact the Research Practice and Governance Co-ordinator by either writing to 'The Research Practice and Governance Co-ordinator, Research Office, Christie Building, The University of Manchester, Oxford Road, Manchester M13 9PL', by emailing: Research-Governance@manchester.ac.uk, or by telephoning 0161 275 7583 or 275 8093